

Tòimhseachan nan Ceann-fionn

An urrainn dhut Fionn agus Lorna a chuideachadh ag obrachadh a-mach cia mheud iasg a bhios a' biathadh nan ceann-fionn?

Pàirt 1:

Tha 60 iasg aig Fionn is Lorna airson na cinn-fhionna a bhiathadh. Tha trì gnèithean cinn-fhionna ann, agus gheibh gach fear dhiubh diofar uiread èisg. An obraich thusa a-mach cia mheud iasg a bu chòir do gach buidheann fhaighinn?

Cinn-fhionna an Rìgh: Dàrna leth an èisg

Cinn-fhionna Gentoo: Trian den iasg

Cinn-fhionna Rockhopper: An còrr



Pàirt 2:

Feumaidh Lorna clàradh cia mheud iasg a fhuair gach ceann-fionn fa leth

Cinn-fhionna an Rìgh: 6 ceann-fionn sa bhuidhinn

Cinn-fhionna Gentoo: 5 ceann-fionn sa bhuidhinn

Cinn-fhionna Rockhopper: 5 ceann-fionn sa bhuidhinn

.....

Thoir fa-near: Chan eil an àireamh de chinn-fhionna agus èisg ach mar eisimpleir. Tha mòran a bharrachd air 16 ceann-fionn aig Sù Dhùn Èideann agus tha feumalachdan beathachaidh eadar-dhealaichte aig na diofar ghnèithean.

RABHADH!

**Tha am fuasgladh
gu h-ìosal**

Fuasgladh Tòimhseachan nan Ceann-fionn

Pàirt 1:

Gheibh Cinn-fhionna an Rìgh dàrna leth de na 60 iasg. Tha leth a' ciallachadh gum feum thu roinn le dhà, agus mar sin is e 30 leth de 60.

Gheibh na Cinn-fhionna Gentoo trian den iasg. Tha trian a' ciallachadh gum feum thu roinn le trì. Is e 60 air a roinn le trì 20.

Gheibh Cinn-fhionna Rockhopper an còrr den iasg. Mar sin airson a' cheum mu dheireadh, feumaidh sinn an àireamh èisg a chaidh a thoirt do Chinn-fhionna an Rìgh (30) agus na Cinn-Fhionna Gentoo (20) mu thràth a thoirt air falbh bho 60. Tha 60 thoir air falbh 30 thoir air falbh 20 co-ionann ri 10.

Cinn-fhionna an Rìgh: 30 iasg

Cinn-fhionna Gentoo: 20 iasg

Cinn-fhionna Rockhopper: 10 iasg

Pàirt 2:

Airson na dàrna pàirt den tòimhseachan, feumaidh sinn an àireamh èisg a fhuair gach buidheann a roinn leis an àireimh cheann-fionn sa bhuidhinn sin.

Fhuair Cinn-fhionna an Rìgh 30 iasg. Tha 6 ceann-fionn sa bhuidhinn. 30 air a roinn le 6 = 5

Fhuair Cinn-fhionna Gentoo 20 iasg. Tha 5 ceann-fionn sa bhuidhinn. 20 air a roinn le 5 = 4

Fhuair Cinn-fhionna Rockhopper 10 iasg. Tha 5 ceann-fionn sa bhuidhinn. 10 air a roinn le 5 = 2

Cinn-fhionna an Rìgh: 5 iasg am fear

Cinn-fhionna Gentoo: 4 iasg am fear

Cinn-fhionna Rockhopper: 2 iasg am fear